

A' tòiseachadh le cuireadh, ri thughsinn
gum bi seo cho math ri cuairt air ais ann
an tìm.

**TROBHAD AIR AIS ANN AN TÌM CEUD GU LETH BLIADHNA
GUS TADHAL AIR MUINNTIR BHAILE**

Flowerdale



1d leth
a' cleachdad
sriobhadh
buadhmo
airson 'reic'.

Tha thu air a' fhiathachadh
• tadhail air a' mhuileann gus obair nam figheadairean
FHAICINN
• dol air ais don sgoil gus leasan
FHEUCHAINN
• ri luchd a' mhargaidh agus am bathar aca a
BHLAISEADH

Puingean peileir
a' comharrachadh
feartan eadar-obrachail.

Faigh a-mach tuilleadh mu bheatha ann an Alba ann
an linn Bhictòria ann am fior bhaile Bhictòrianach
FLOWERDALE. S' ann an 1822 a chaidh am
muileann agus na ciad taighean sa bhaile a
thogail agus bha daoinne a' fùireach anna suas gu 1993.
Nuair a dìfhàg an teaghlach mu dheireadh, chaidh
am baile a thoint do dh'Urras Flowerdale gus a
dhion aims an àm ri teachd. Coinnich ris an
tsluagh Bhictòrianach againn ag thig air turas
còmhla riutha far a bheil gach rùd direach mar
a bhiodh e ann an 1852.

Òrdughean ag
amas air
beothalachd,
a' nochdad
feallsanachd an
taisbeanaidh.

ÙR AIRSON 2008

CARBADAN CUIBHLEACH AGUS
SMÙID SHIÙBLACH: DÒIGHEAN-
SIUBHAIL NAM BHICTÒRIANACH

Dè an t-astar a ruigeas tu anns an taisbeanaidh ùr
againn? Sealladh air leth air dòighean-siubhail nam
Bhictòrianach. Gach mios bithear a' toirt sùil
shönraichte air dòigh-siubhail diofraichte. Gabh
cuairt ann carbad no' euch nach tuit thu far
traidsgal; gus nach bì cùisean ro fhurasta dhut
faoaidd tu aodach Bhictòrianach fheuchainn
ort aig an aon àm!

FLOWERDALE, Geàrrloch, Siòrrachd Rois IV6 9WT

Uaim caran
gòrach
a' nochdad
gnè caran
gòrach an
taisbeanaidh

Gniomhairean
spreigeach
àithneach,
(imperative
verbs).

Ceangal ama.

Tha Urras Flowerdale na bhuidheann-charthannais (Àireamh SC0007823)
a' coimhead as deidh a' bhaile le taic bho Alba Eachdraidheil. Tha
teachd-a-steach an taisbeanaidh a' toirt taic don Urras ann a bhith a' dion
a' bhaile agus a' cruthachadh prògraman foghlaim. Le bhith a' tadhail
oirrn thu a' cur ris an obair luachmhoir seo.

UAIREAN-FOSGLAIDH 2008

Giblean gu Dàmhair: 10.00 – 16.00

Samhain gu Màrt: 12.00 – 16.00

Tha sinn dùinte Latha na Nollaig agus Latha na Blìadhna' Ùir. Tha uairean-
fosglaidh ag atharrachadh thairis air an Nollaig agus a' Blìadhna' Ùir; cur
fòn thugainn air an àireamh gu h-iosal airson tuilleadh fiosrachaidh.

A' CLÀRADH RO-LÀIMH

Tha sinn a' moladh gun clàraich thu ro-làimh airson déanamh cinteach nach
callt thu an cothrom tadhail oirnn aig Flowerdale. Tha na loichnichean-fòn
againn fosglait Diluain gu Dìlaoline 9m – 5f agus Disathairne 10m – 4f.
Feuch gum bi cairt-reideilis ri làimh agus fios agad dè an ceann-latha agus
an uair aig a bheil thu airson tadhail oirnn.



Fiosrachadh cruaidh a' tighinn
a-steach a-nis, dòigh-labhairt ag
atharrachadh.

Airson fiosrachadh mun taisbeanaidh no tachartasan
sònraichte feuch www.flowerdaleexhibition.com
no cuir fòn thugainn air 02878 867683.

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig as leth nan Ughdàrasan a tha iochdaichte air MRG 2008. Dealbhachadh le Donald Smith Graphic Design, Nis.
Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.